

Eòlas agus Builean

Is urrainn dhomh notaichean agus sgrìobhadh eile a chleachdadh airson tuigse mu fhiosrachadh a shealltainn.

LIT2-25a

Is urrainn dhomh m' fhiosrachadh a shealltainn ann an dòigh iomchaidh, le a bhith a' cleachdadh grafaichean agus teicneòlas.

MTH2-21a

An dèidh cruth-tìre mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh innse mu na diofar dhòighean a tha am fearann air a chleachdadh.

SOC 1-13a

'S urrainn dhomh mìneachadh mar a tha an àrainneachd fhiosaigeach a' toirt buaidh air na dòighean sam bi daoine a' cleachdadh an fhearainn, le bhith a' dèanamh coimeas eadar mo sgìre ionadail agus àite nach eil coltach rithe.

SOC 2-13a

Co-theacs a' airson Ionnsachadh

Thoir cuireadh dha daoine às a' choimhearsnachd a thighinn a-steach a bhruidhinn ris a' chloinn mu na diofar ghnìomhan a thèid air adhart, tron bhliadhna, a thaobh croitearachd. Mar eisimpleir, b' urrainn dhaibh innse mu bhliadhna nan caorach anns an sgìre agad (à m breith nan uan, cuin a bhios iad a' dòsadh agus a' rùsgadh? Cuin a bhios iad a' ceannach agus a' reic nan caorach?)

Theirig a-mach gu croit no tuathanas anns a' choimhearsnachd air a bheil beathaichean. An e seòrsa dùthchasach no gann a th' annta, no seòrsa malairteach? Dè na h-adhbharan a th' aig a' chroit airson an cumail?

Am b'urrainn dhuibh tadhal air croitean air a bheil

- caoraich
- crò
- mucan
- gobhair
- seillein

Coimhead air a' bhidio "Gaelic Interview: Crofter Roddy Red Tie Macdonald" air YouTube. Tha e a' bruidhinn mu obair na bliadhna air croit ann an Uibhist, agus mar a tha rudan air atharrachadh thairis air na bliadhnaichean.

Ciamar a sheallas a' chlann na dh'ionnsaich iad

Sgrìobh aithisg no dèan taisbeanadh air na dh'ionnsaich iad.

Cruthaich leabhar mu na beathaichean a bhios croitearan a' cumail. Dè na seòrsaichean diofraichte de gach beathach? Dè na rudan a gheibh thu? Feòil? Bainne? Clòimh? Faodaidh a' chlann dealbhan a thogail de gach seòrsa a chì iad, agus an cleachdadh anns an leabhar.

Dèan bileag-fiosrachaidh mu rudan a gheibh thu bho caora.

Cruthaich briathrachas de na faclan a tha sibh air ionnsachadh. Smaoinich air faclan airson bheathaichean de dhiofar aoisean agus gnè, uidheaman a bhios an croitear a' cleachdadh, gnìomhan ceangailte ri obair bheathaichean.

Dèan coimeas eadar na croitean ionadail agus tuathanas ann an àite eile san t-saoghal. Ciamar a tha an àrainneachd a' toirt buaidh air na dòighean anns a bhios daoine a' cleachdadh an fhearainn?

Ma nì sibh cunntadh chaorach (stìùireadh air duilleagan “A' cunntadh chaorach” bho Ceanglaichean Croitearachd), ullaich graf a tha a' sealltainn an diofar eadar croitean san sgìre.

Goireasan

Duilleagan bho Ceanglaichean Croitearachd “A' cunntadh Chaorach”

Postairean bho Thaigh-tasgaidh Steòrnabhaigh, air an cur a-mach gu sgoiltean le Ceanglaichean Croitearachd

Bhidio air YouTube: Ruairidh Dòmhnallach <https://www.youtube.com/watch?v=0aDmuKJEivQ> (Gàidhlig)

Bhidio sgoinneil le e-Storas mu dheidhinn clò <http://e-storas.com/primary.aspx/e-storas-resource.aspx?id=1441> (Gàidhlig)

Eòlas agus Builean

Tha eòlas agam air suidheachadh na coimhearsnachd agam o chionn ghoirid, le bhith a' rannsachadh àiteachan agus nithean sònraichte.

SOC 1-03a

An dèidh cruth-tìre mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh innse mu na diofar dhòighean anns an deach am fearann a chleachdadh.

SOC 1-13a

'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar pàirtean de bheatha làitheil dhaoine san àm a dh'fhalbh agus mo bheatha fhìn, a' cleachdadh fianais eachdraidheil no m' eòlas air a bhith ag ath-chruthachadh suidheachadh eachdraidheil.

SOC 1-04a

Le bhith a' rannsachadh mar a dh'atharraicheas uisge bho aon chruth gu cruth eile, 's urrainn dhomh mo thoraidhean a cheangal ri eòlasan làitheil beatha

SCN 1-05a

Co-theacsa airson Ionnsachadh

A bheil uidheaman aig teaghlaichean na cloinne airson mòine a bhuaibh? Thoir cuireadh dha cuideigin anns a' choimhearsnachd a thighinn a-steach a dh'innse mu obair na mòna. No tadhail air taigh-tasgaidh gus tairsgeir agus uidheaman eile fhaicinn. Mura bheil taigh-tasgaidh faisg oirbh, tha postairean Ceanglaichean Croitearachd feumail, le deagh dhealbhan.

Iarr air cuideigin sa choimhearsnachd ur toirt a-mach gu poll-mòna. Faic mar a bhios iad a' toirt an fheadh far a' mhullach (a' rùsgadh) le caibe-làir agus a' buain gach fàd le tairsgeir. Mura bheil mòine air a buain san sgìre agad, faic bhidio air YouTube, air a dhèanamh le Guthan nan Eilean <https://www.youtube.com/watch?v=of5cWjD9CKg> Tha seo a' sealltainn na h-obrach bho thoiseach gu deireadh. Cluinnear Beurla agus Gàidhlig.

Mas urrainn dhaibh, faodaidh a' chlann bruidhinn ri nàbaidhean agus daoine san teaghlach gus briathrachas ullachadh airson buain na mòna. Ann an àiteachan ann an Leòdhas, mar eisimpleir, tha ainm air gach fàd a thèid a ghearradh às a' pholl! Seo cuid de na faclan airson tòiseachadh:

- Rùdhan (a' chiad chruach- mhòna air a dhèanamh aig a' pholl-mhòna, gus taobh eile an fhàid a thiomachadh)
- Ath-rùdhadh (a' togail nan rùdhan as motha buileach)
- Ag aiseag - a' gluasad mòine thioram gu cruach mhòr airson a cur air an tractar.
- Cruach (an an dùn mòr mòna mu dheireadh, air a togail aig an taigh)
- Gàrradh (an t-àite far an tèid a' mhòine a thiomachadh, air mullach a' phuill-mhòna)
- Cliabh seòrsa de bhasgaid air a cleachdadh gus mòine a thoirt dhachaigh às a' pholl-mhòna.

Ciamar a sheallas a' chlann na dh'ionnsaich iad

Dèan postairean gus na h-uidheaman mòna a shealltainn.

Ullaich map ionadail, a' sealltainn far an deach mòine a bhuaibh san sgìre agaibh fhèin.

Sgrìobh stiùireadh air ciamar a bhios tu a' buain na mònach. Cleachd diagraman agus ainmich na h-uidheaman agus gach pàirt dhen pholl-mhònach.

Dèan cuairt-beatha mòna. Dèan rannsachadh air ciamar a thèid mòine a chruthachadh. Dè cho fada 's a tha seo a' toirt? Dè thachras nuair a thèid a losgadh? An e connadh ath-nuadhachail a th' ann am mòine?

Dèan briathrachas de na faclan ùra a dh'ionnsaich iad a tha ceangailte ri obair na mòna.

Goireasan

Bhidio air leth math le e-Storas a tha a' sealltainn beatha mòine bhon pholl dhan teine
<http://e-storas.com/primary.aspx/e-storas-resource.aspx?id=1440>
(tha a' bhidio seo ann an Gàidhlig)

<https://www.youtube.com/watch?v=of5cWjD9CKg>

Tha seo a' sealltainn na h-obrach bho thoiseach gu deireadh. Cluinnear Beurla agus Gàidhlig.

Eòlas agus Builean

'S urrainn dhomh coimeas a dhèanamh eadar dòigh-beatha an t-sluaigh san àm a dh'fhalbh agus na mo latha fhìn, agus pàirt a ghabhail ann an còmhradh air na dòighean sa bheil iad coltach agus acoltach ri chèile.

SOC 2-04a

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil.

SOC 2-06a

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh.

LIT 2-25a

Tha mi air dràma le sgrìobt agus gun sgrìobt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchd-amais agus shuidheachaidhean.

EXA 2-14a

Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach.

EXA 2-03a

Co-theacsa airson Ionnsachadh

Rannsaich na h-adhbharan airson iomadh Gàidheal a chur às na dachaighean aca. Tha bhidiothan sgoinneil aig BBC Learning Zone - rannsaich air "Highland Clearances" agus gheibhear faisg air 30 "Class Clips". Tha duilleagan ionnsachaidh ann le quiz, cuideachd.

Ionnsaich mu eachdraidh Aithisg Napier, agus carson a chaidh a dhèanamh. An uair sin, cleachd an làrach seo le clàr-innse <http://www.adb422006.com/Napier%20Index.htm> agus agallamhan a chaidh a dhèanamh anns an sgìre agadsa a lorg. Bheir an clàr-innse dhut duilleag far am faigh thu iad. An uair sin, cleachd an làrach <http://www.whc.uhi.ac.uk/research-old/napier-commission> gus am PDF freagarrach fhosgladh, agus na duilleagan a dh'fheumas tu a chlà-bhualadh.

Faodaidh na sgoilearan pinn shoilleir a chleachdadh gus fiosrachadh inntinneach a lorg iad a shealltainn dhan chlas.

Faodaidh na sgoilearan sgrìobt dràma a sgrìobhadh, a' sealltainn sealladh bho àm nam fuadaichean. B' urrainn dhaibh sgrìobhadh mu uachdaran a' cur teaghlach a-mach às an taigh, croitearan a' feuchainn ri obair ùr ionnsachadh (iasgach, ag obair anns na muilnean ann an Glaschu), factar ag innse dhan uachdaran mu chroitearan a' diùltadh màl a phàigheadh, croitearan a' bruidhinn mun gaiseadh sa bhuntàta, teaghlach a' dèanamh deiseil airson siubhal air bàta a dh'Alba Nuadh, msaa.

'S urrainn dhan chlas sgrìobt no dhà a thaghadh, agus an dèanamh airson na sgoil air fad, Latha Fosgailte, no gabhaidh iad clàradh agus film beag a dhèanamh leotha.

Goireasan

“Fuadach nan Gàidheal” le Dòmhnall Gunn agus Màiri Spankie. (Tha còir aig an leabhar seo a bhith san sgoil, anns a' Ghàidhlig).

Eòlas agus Builean

Ann an deasachadh biadh, is urrainn dhomh innse cò às a thàinig na tha sinn a' cleachdadh agus is urrainn dhomh innse am feum a rinn cuid de lusan do mhac an duine.

HWB 2-35a /SCN 2-02b

'S urrainn dhomh airgead a chleachdadh gus pàigheadh airson rudan agus 's urrainn dhomh obrachadh a-mach dè an iomlaid a bu chòir dhomh fhaighinn.

MNU 1-09a

'S urrainn dhomh an abairt 'prothaid agus call' a chleachdadh a thaobh ceannach is reic agus àireamhachadh simplidh a dhèanamh airson seo.

MNU 2-09c

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, co-dhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacs a chruthachadh.

LIT 2-25a

Tha mi air dràma le sgrìobt agus gun sgrìobt a chruthachadh agus a thaisbeanadh, a' fàs mothachail air diofar luchd-amais agus shuidheachaidhean.

EXA 2-14a

Is urrainn dhomh obair a chruthachadh is a thaisbeanadh a' sealltainn mar a tha mo sgil a' fàs a thaobh a bhith a' cleachdadh nan eileamaidean agus nam bun-bheachdan lèirsinneach.

EXA 2-03a

Co-theacs airson Ionnsachadh

Faodaidh na sgoilearan rannsachadh a dhèanamh air a' bhiadh a bhiodh croitearan ag ithe anns na seann làithean. Rannsaich "crofters' diet" air an làrach www.tobarandualchais.co.uk airson clàraidhean mu bhiadh air croitean. Tha agallamh le Peter John Henry ann an Sealtainn agus Hector Kennedy ann an Tìriodh gu h-àraid feumail.

A bheil reasapaidhean traidiseanta aig teaghlaichean nan sgoilearan? .Mar eisimpleir bonnach, aran-coirce, aran, fuarag/stapag, deoch mhine, sgona, sgadan ann am mìn-choirce.

Dèan rannsachadh air a' ghràn a chaidh fhàs air croitean. Cleachd na duilleagan air gràn bho Cheanglaichean Croitearachd airson ur cuideachadh. Dè na h-adhbharan a bh' aig na croitearan airson na seòrsaichean seo fhàs? Ma tha an sgoil agad air gràn a chur agus a chumail, coimhead air an diofar eadar sìol gach seòrsa.

Tagh reasapaidh agus iarr air na sgoilearan liosta a dhèanamh airson na bùtha. Dè dh'fheumas iad de dh'airgead? 'S urrainn dhaibh buinn fhreagarrach a thaghadh gus pàigheadh.

Obraich a-mach cosgais/gram airson gach rud a chleachdas sibh anns an reasapaidh. Dè tha e a' cosg an reasapaidh a dhèanamh? Pris/sgona? Pris/bobhla brochain?

Ciamar a sheallas a' chlann na dh'ionnsaich iad

'S urrainn do na sgoilearan notaichean a sgrìobhadh fhad 's a tha iad ag èisteachd ris na clàraidhean, no gabhaidh ceistean ullachadh leis an tidsear ro-làimh agus faodaidh na sgoilearan am freagairt nuair a bhios iad ag èisteachd.

Gabhaidh diagram Venn a dhealbhadh, a' dèanamh coimeas eadar daithead chroitèaran o chionn fhada agus an-diugh.

Cruinnich na seann reasapaidhean agus foillsich leabhar còcaireachd. Gabhaidh seo a reic mar iomairt sgoile.

Goireasan

Tobar an Dualchais

www.tobarandualchais.co.uk

(stòras air leth de chlàraidhean agus de dhealbhan air iomadach cuspair Albannach)

Hand to Mouth – leabhar air Biadh Traidiseanta Eileanan na h-Alba. Jane Cheape.
Leabhraichean Acair.